

## GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

*'S urrainn dhomh eachdraidh-beatha eilthireach à Alba, le cinn-latha cudromach, a sgrìobhadh.*

- Comharraich cuideigin nad theaghlach no nad bhaile a chaidh a-null thairis.
- Faigh a-mach carson a dh'fhalbh iad, càit an deach iad is cuin a chaidh iad ann.
- Feuch am faigh thu sgeul orra air liostaichean luchd-siubhail air neo air cunntasan eilthireachd air an eadar-lìon.
- Rannsaich agus leugh mu thursan eilthireachd bho dhaoine a dh'fhèin-fhiosraich e.
- Dèan an-àirde leabhar-latha dhen turas-mara aca.

*'S urrainn dhomh sealltainn air mapa na prìomh dhùthchannan air feadh an t-saoghail dhan deach na h-eilthirich.*

- Dèan rannsachadh air far an do rinn eilthirich à Alba an dachaigh aig amannan eadar-dhealaichte nan eachdraidh.
- Faigh a-mach carson a dh'fhalbh iad à Alba aig an àm sin.
- Seall air mapa an t-saoghail càit an deach iad agus lean na slighean mara a bhiodh na longan-eilthireachd air a ghabhail.
- Faigh a-mach a bheil cuimhne fhathast aig an sliochd air an ceangal ri Alba agus mar a tha iad a' comharrachadh sin.

*S urrainn dhomh sgeulachdan mu eilthirich ainmeil à Alba a rannsachadh agus mo chuid thoraidhean a thaisbeanadh don chlas.*

- Faigh a-mach mu Albannaich ainmeil thall thairis.
- Tagh aon Albannach ainmeil agus dèan rannsachadh air am beatha agus na nithean a shoirbhich leotha.
- Taisbean do thoraidhean a' cleachdadh powerpoint.

## CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

A bheil thu dhen bheachd gun robh na h-eilthirich toilichte a bhith a' fàgail?

Dè a thug orra Alba fhàgail?

Ciamar a tha thu a' smaoinichadh a bha muinntir Ameireagaidh no Astràilia a' faireachdainn nuair a thàinig Albannaich a dh'fhuireach dhan dùthaich aca?

An e rud math no dona a th' ann gun robh uimhir de dh'Albannaich nan eilthirich?

Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha uimhir de shliochd eilthirich à Alba a' comharrachadh an ceanglaichean ris an dùthaich?

## EÒLASAN IS BUILEAN

*'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.*

**SOC 2-06a**

*Airson cur ri mo mhap inntinn agus mo mhothachadh air àite, 's urrainn dhomh fiosrachadh bho dhiofar sheòrsaichean mhapaichean a mhineachadh, agus tha mi a' tòiseachadh air prìomh fheartan a lorg ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte, san Roinn Eòrpa no san t-saoghal mhòr.*

**SOC 2-14a**

## CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.nls.uk/family-history/emigration>

<http://www.scotsgenealogy.com/Links/Emigration.aspx>

<http://www.bbc.co.uk/education/clips/zfhf8g8>

<http://www.e-storas.com/resources/fasnapairce/index.html>

<http://www.scan.org.uk/researchtools/emigration.htm>

<http://www.johngraycentre.org/about/archives/brief-history-emigration-immigration-scotland-research-guide-2/>

'A Sense of History, Scotland - Emigration from Scotland', Douglas Lawson, Longman Group Limited

